

# Bloighean, Bloighean Deicheadach agus Ceudadan

## Goireas Ionnsachaidh Proifeasanta

'S e pàirt den sreath Goireasan Ionnsachaidh  
Proifeasanta airson Àireamhachd a th' anns  
a' ghoireas seo.

# Clàr-innse

Duilleag

03 | Ro-ràdh

04 | Ìre Thràth

11 | Ciad Ìre

21 | Dàrna Ìre

35 | Treas Ìre

43 | Ceathramh Ìre

# Ro-ràdh


Chaidh an goireas ionnsachaidh phroifeasanta seo a chruthachadh gus leigeil le luchd-dreuchd meòrachadh air an eòlas agus an tuigse fhèin, a' soilleireachadh raointean a tha dùbhlach do chloinn agus a' mìneachadh dhòighean-obrach èifeachdach gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh is teagast san àm ri teachd ann am bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan.

Tha bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan aig cridhe grunn raointean àireamhachd agus matamataig, gu h-àraidh obair le airgead, tomhas agus dàta. Faodar tuigse luchd-ionnsachaidh a chur an gnìomh tro raon farsaing de cho-theacsan làitheil agus raointean eile den churraicealam.

Ged as e priomh adhbhar na sgrìobhainn seo fòcas a chur air eòlasan, builean agus slatan-tomhais àireamhachd, tha na slatan-tomhais matamataig co-cheangailte ri bloighean air an toirt a-steach oir tha na sgilean àireamhachd agus matamataig ceangailte gu dlùth san raon seo.

That has a' bruidhinn air cur-ris, toirt air falbh, iomadachadh agus roinneadh bhloighean deicheach anns an stòras ionnsachaidh phroifeasanta Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail.

## Frèam-obrach Adhartas Nàiseanta ann an Àireamhachd agus Matamataig<sup>1</sup> Bloighean, Bloighean Deicheach agus Ceudadan



<sup>1</sup> Gheibhearr tuilleadh stiùridh air cleachdadh an Fhrèam-obrach Adhartas Nàiseanta ann an Àireamhachd agus Matamataig le bhith a' briogadh [an seo](#).

# Ìre Thràth

Tha an clàr gu h-ìosal a' toirt a-steach na h-eòlasan, builean agus slatan-tomhais co-cheangailte ri 'Bloighean, Bloighean Deicheach agus Ceudadan' aig ìre thràth. Bu chòir na h-eòlasan agus na builean a chleachdad a bhith a' dealbhadh ionnsachadh, teagasc agus measadh. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na slatan-tomhais air an dealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh proifeasanta luchd-teagaisg ann an adhartas a dh'ionnsaigh ìre agus ann an coileanadh ìre. Tha raon de dhiofar eòlasan ann ris am feum luchd-ionnsachaidh a bhith fosgailte mus gabh iad sin a choileanadh.

Eòlas is Builean	Slatan-tomhais
<p>Is urrainn dhomh buidheann de rudan a roinn le bhith a' dèanamh bhuidhnean nas lugha agus is urrainn dhomh rud slàn a roinn ann am pàirtean nas lugha.</p> <p style="text-align: right;"><b>MNU 0-07a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Sgaradh rud slàn ann am pàirtean nas lugha agus a' mineachadh gu bheil pàirtean co-ionann den aon mheud.</li><li>• Cleachdad briathrachas iomchaidh airson tuairisgeul a thoirt air lethean.</li><li>• Roinn bhuidheann de nithean gu co-ionann ann am buidhnean nas lugha.</li></ul>

## Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach

Bu chòir beachdachadh gu faiceallach air na h-àiteachan, na h-eadar-obrachaidhean agus na h-eòlasan a bhios sinn a' libhrigeadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann do luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh bun-bheachd mu cho-roinn, cur ann am buidhnean agus pàirtean co-ionann.

## Àiteachan, Eadar-obrachadh agus Eòlasan

Faodaidh àiteachan ionnsachaidh beairteach, air a bheilear a' beachdachadh gu faiceallach, a-muigh agus a-staigh, cothroman practaigeach a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus bun-bheachd de cho-roinn, cur ann am buidhnean agus pàirtean co-ionann a leasachadh. Bu chòir an roghainn de dh'eòlasan a tha rim faighinn a bhith a' nochdadh àrainneachd de chothroman fosgailte far am faod clann a bhith a' faireachdann gu bheil iad air am brosnachadh a bhith a' rannsachadh agus a' faighinn a-mach tro chluich. Faodaidh taghadh ghoireasan iomchaidh agus tarraingeach eadar-obrachaidhean a neartachadh, a' leantainn gu cruthachalachd agus feòrachas.

Tha stuthan fosgailte a' toirt cothrom airson rannsachaidhean cruthachail tro eòlasan ionnsachaidh a thòisicheas clann agus inbhich. Bu chòir àiteachan a dhealbhadh gus cothromachadh de chothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a' cluiche, a' rannsachadh, a' faighinn a-mach agus a' ceasnachadh. Bu chòir do luchd-dreuchd dèanamh cinnteach gu bheil dealbhadh airson ionnsachadh air a chothromachadh gu faiceallach gus a bhith an dà chuid freagairteach agus rùnach ann an dealbhadh. Bu chòir do na cothroman sin leigeil le luchd-ionnsachaidh ciall a dhèanamh de cho-roinn, cur ann am buidhnean agus pàirtean co-ionann san t-saoghal mun cuairt orra, agus cuideachd dèanamh cinnteach gu bheileas a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh tro bhith an sàs leis na h-eòlasan agus na builean a tha air an libhrigeadh aig an ìre thràth.

Faic an ‘Sgrìobhainn Stiùiridh’ airson fiosrachadh a bharrachd air dòighean ionnsachaiddh is teagaisg aig ère thràth.

Faodaidd bloighean a bhith na bhun-bheachd eas-chruthach do luchd-ionnsachaiddh, agus bu chòir mòran eisimpleirean practaigeach bhon bheatha aca anns a bheil bloighean a thabhnna orra. Bu chòir eòlas tràth air bloighean a bhith a’ toirt a-steach lethean de nithean corpora leithid mheasan no taois so-làimhseachaidh. Dh’haodadh luchd-ionnsachaiddh rudan mar brioscайд no banana a cho-roinn le caraid gus am faigh iad leth an duine. Dh’haodadh iad cumaidhean pàipeir a phasgadh gus lethean a chruthachadh. Tro eòlasan tràtha den leithid, tùisichidh luchd-ionnsachaiddh a’ tuigsinn gu bheil bloighean air an cruthachadh nuair a thèid nì slàn a roinn ann am pàirtean co-ionnan, a’ leigeil leotha an nì slàn agus na pàirtean co-cheangailte ‘fhaicinn’.

Faodar measgachadh farsaing de stuthan nitheil a chleachdad a-staigh agus a-muigh gus tuigse agus sgilean a leasachadh ann an roinneadh, cur ann am buidhnean agus pàirtean co-ionnan. Tha eisimpleirean de nithean den leithid air an liostadh gu h-ìosal, ach faodar stuthan atharrachadh a rèir ùidhean agus beachdan luchd-ionnsachaiddh.

### Lìbhrig caochladh farsaing de stuthan is oibseictean.

putain	màrbailean/griogagan	itean	flùraichean	duilleagan
maidean	cruthan	stocainnean	airgead	clachan
tubaichean/cearcaill/ soithichean	dèideagan càraichean	dèideagan beathaichean	biadh fior/mas fhior	buinn-airgid


Bu chòir do luchd-dreuchd cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaiddh eòlas fhaighinn air a bhith a’ toirt rudan slàn às a chèile agus gan cur air ais ri chèile. Leasaichidh seo tuigse gu bheil mòran de nithean mun cuairt orra air an dèanamh suas de dhiofar phàirtean agus gu bheil na diofar phàirtean sin a’ dèanamh rud slàn. Tha eisimpleirean de nithean den leithid air an liostadh gu h-ìosal.

oibseictean cluiche  
saoghal beag

seataichean togail

Seann stuthan bhon taigh leis  
an cluich iad, m.e. clocaichean  
briste, seann rudan dealanach.

Faodar nithean san àrainneachd a chleachdad cuideachd, a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaидh an t-iomlan agus na pàirtean co-cheangailte fhaicinn.



An dùil dè na diofar phàirtean de chàr?

Seo cuid de na smuaintean a dh'fhaodadh a bhith aig luchd-ionnsachaидh. Dh'fhaodadh smuaintean eile a bhith aca cuideachd.

### Dèanamh Lethean agus a' Dùblachadh






Le bhith a' gearradh chumaidhean agus stuthan boga mar taois no measan faodaидh clann rannsachadh a dhèanamh air pàirtean co-ionann agus neo-ionann de dhiofar chumaidhean agus oibseictean. Tha e cudromach gum bi fios aig clann, agus gun urrainn dhaibh mìneachadh, gu bheil rud air a letheadh le bhith ga roinn ann an dà phios den aon mheud. Faodaيدh pasgadh agus gearradh pàipeir cuideachd a bhith a' daingneachadh a' bheachd air lethean. Faodaيدh e cuideachd a bhith buannachdail luchd-ionnsachaيدh a bhrosnachadh gus dà leth a chur air ais còmhla gus daingneachadh gu bheil iad a' dèanamh 'iomlan'. Tha e cudromach toirt fa-near, nuair a thèid nì a sgaradh, ma tha na pàirtean a thig às neo-ionann nach urrainn gach pàirt a bhith nan leth. Bu chòir seo a dhèanamh soilleir tro thaisbeanaidhean practaigeach agus conaltradh le luchd-ionnsachaيدh.


Faodaيدh eòlasan làitheil mar àm greim-bìdh agus bèicearachd taic a thoirt do leasachadh lethean is dùblaidean.

Anns an reasabaيدh feumaيدh sinn leth chupa flùir.




An geàrr thu am banana ann an lethean?

Tha e cudromach gum faigh luchd-ionnsachaيدh eòlas air raon de chumaidhean agus oibseictean eadar-dhealaichte air an eadar-sgaradh gu co-ionann. Mar as trice bidh piotsathan agus cèicean air an cleachdad mar eisimpleirean, ach feumaيدh luchd-ionnsachaيدh eòlas air a bhith a' dèanamh eadar-sgaradh air diofar chumaidhean agus stuthan. Seo cuid de dh'eisimpleirean.





Tha e cuideachd na chuideachadh a bhith ag eadar-sgaradh chumaidhean cunbalach gu co-ionann nuair a tha iad air an cur a-mach ann an diofar dhòighean.



Faodadh letheadh dùblachadh a neartachadh le buinn airgid, disnean is dominoes.

Seo ceithir sgillinnean.



An toir thu dhomh dàrna leth na h-uimhir sin?

An dùblaich thu an uimhir sin?

Roilig thu còig.



An dùil dè an dà uimhir de sin?

Dè tha thu a' mothachadh mun domino seo?



An dùil a bheil dominoes eile ann coltach ris?

Nuair a thathar a' rannsachadh tomhas, dh'fhaodadh an cànan 'làn' agus 'falamh' a leudachadh gu bhith a' cleachdadh na teirm 'letheadh làn'. Faodar rannsachadh a dhèanamh cuideachd air letheadh agus dùblachadh ann an co-theacsfa faide.

Faodar am bun-bheachd letheach-slighe a thoirt a-steach ann an grunn shuidheachaidhean, mar eisimpleir letheach-slighe air cùirt bhall-lìn, letheach-slighe air pìos riobain agus letheach-slighe suas doras.

### Cur ann am Buidhnean agus Co-roinn

Bu chòir cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh nithean a cho-roinn agus rannsachadh a dhèanamh air bun-bheachdan ‘co-roinn gu co-ionann’ agus ‘cur ann am buidhnean’.

Tro bhith a’ cur uireadan beaga ann am buidhnean agus gan co-roinn, bidh luchd-ionnsachaidh a’ tòiseachadh air suidheachadh bhunaitean airson iomadachadh is roinneadh, a’ dùblachadh àireamhan agus uireadan. Is urrainn dhaibh ceanglaichean a dhèanamh eadar sreathan òrdaichte agus pàtrain àireamhan.

Ann an co-roinn co-ionann thòisisheadh luchd-ionnsachaidh leis an àireamh de bhuidhnean agus roinneadh iad na h-oibseictean gu cothromach eadar gach buidheann.



An dùil dè an dòigh as fheàrr air na subhagan-lair seo a roinn eadar thu fhèin ’s do charaid?

Tha triùir againn an seo an-diugh agus tha naoi biorain againn. Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil an aon àireamh bhioran againn uile?



Ann a bhith a’ cur rudan ann am buidhnean, tha fios aig luchd-ionnsachaidh air an àireamh de rudan a bu chòir gach buidheann fhaighinn. Tha fios aca cuideachd dè an àireamh iomlan de rudan a th’ ann an toiseach.



Tha deich duilleagan againn. An dùil an urrainn dhuinn dà bhuidheann a dhèanamh dhiubh?

Tha naoinear againn an seo an-diugh. An urrainn dhuinn dol ann am buidhnean de thriùir?

Aig ère thràth, thathas a’ brosnachadh luchd-dreuchd gus raon chothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a’ co-roinn grunn rudan ann am buidhnean co-ionann nas lugha.

Faodaidh seo a bhith ann an grunn cho-theacsan, mar eisimpleir a bhith a’ co-roinn phìosan mheasan aig àm grèim-bidhe, a’ co-roinn stuthan ciùird, a’ cruthachadh tiùrran co-ionnan de

phocannan phònairean ann an geamannan PE no a' sealg agus a' co-roinn dhurcain giuthais ann an gniomhan ionnsachaidh a-muigh.

Faodar luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gus na rudan a tha iad fhèin ag iarraidh a chruinneachadh. Anns na gniomhan sin, faodar ceanglaichean nàdarra a dhèanamh ri sgilean iomadachaidh agus roinnidh tràth, agus bu chòir eadar-dhealachadh a dhèanamh eadar co-roinn agus cur ann am buidhnean.

Tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh comasach air earrannan co-ionann agus neo-ionann de stuthan nitheil aithneachadh agus a bhith comasach air mìneachadh carson a tha earrannan co-ionann no neo-ionann.

Tha leabhraichean aig a bheil ceanglaichean soilleir ri bun-bheachdan matamataigeach nan goireas sàr mhath nuair a thathas a' teagasc bhloighean. Faodaidh sgeulachdan a bhith a' brosnachadh ùidh ann am bloighean, a' doimhneachadh tuigse mu bhun-bheachdan bhloighean, agus eileamaid de spòrs is cruthachalachd a chur ris. Thathas an dòchas gun glac an liosta de mholaidhean a leanas aire luchd-ionnsachaidh agus gum brosnaich iad conaltradh.

Leabhraichean air am faodar beachdachadh:

- The Doorbell Rang le Pat Hutchins
- Equal Shmequal le Virginia Kroll
- A Fair Bear Share le Stuart J Murphy
- One Hundred Angry Ants le Elinor J Pinczes
- One Thing le Lauren Child
- Each Orange had 8 Slices le Paul Giganti

## Ceangalaichean gu Eagraicheadan Curraicealaim Eile

### Àireamh agus pròiseasan àireamhail

- Dùblachadh àireamhan gu h-iomlan de 10 nan ceann.
- Ag eadar-sgaradh uimhirean de dheich ann an dà phàirt no barrachd.
- Cuir nithean ann am buidheann

### Airgead

- Dùblachadh, letheadh, co-roinn agus cur ann am buidhnean taobh a-staigh deich.

### Tomhas

- Lòn soitheach gu dàrna leth, lorg letheach-slighe eadar dà phuing.

### Feartan chumaidhean 2D agus oibseictean 3D

- Gearradh grunn chumaidhean eadar-dhealaichte ann an lethean.

### Co-chothromachd

- Dèanamh dhealbhan co-chothromach le aon loidhne-cothromachaide.

### Teicneòlas bìdh

- Deasachadh is taisbeanadh bìdh.

## Ceistean Meòrachail:

- Dè na cothroman as urrainn dhuinn a chleachdad, tron latha, gus co-roinn, cur ann am buidhnean, pàirtean co-ionnan, letheadh is dùblachadh a chleachdad is a neartachadh?
- Ciamaр a nì sinn bun-bheachd lethean agus neo-lethean soilleir a' cleachdad stuthan nitheil agus a' dol air adhart gu riochdachaidhean dealbhach?
- Ciamaр a nì sinn an t-eadar-dhealachadh soilleir eadar earrainnean ionann is neo-ionann a' cleachdad stuthan nitheil agus a' dol air adhart gu riochdachaidhean dealbhach?
- Ciamaр a nì sinn cinnteach gu bheil gach neach-dreuchd a' cleachdad a' bhriathrachais mhatamataigich cheart?

# A' Chiad Ìre

Tha an clàr gu h-iosal a' toirt a-steach na h-eòlasan, builean agus slatan-tomhais co-cheangailte ri 'Bloighean, Bloighean Deicheadh agus Ceudadan' aig a' chiad ìre. Bu choir na h-eòlasan agus na builean a chleachdad a bhith a' dealbhadh ionnsachadh, teagasc agus measadh. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na slatan-tomhais air an dealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh proifeasanta luchd-teagaisg ann an adhartas a dh'ionnsaigh ìre agus ann an coileanadh ìre. Tha raon de dhiofar eòlasan ann ris am feum luchd-ionnsachaidh a bhith fogsaithe mus gabh iad sin a choileanadh.

Eòlas is Builean	Slatan-tomhais
<p>An dèidh sgrùdad a dhèanamh air bloighean le bhith a' gabhail pàirt ann an gniomhan practaigeach, is urrainn dhomh mo thugse a shealltainn mu:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>mar as urrainnear aon rud a roinn gu co-ionann;</li> <li>an comharradh agus am briathrachas co-cheangailte ri bloighean; agus</li> <li>far a bheil bloighean simplidh a' laighe air an loidhne àireamhan.</li> </ul> <p style="text-align: right;"><b>MNU 1-07a</b></p> <p>Tro bhith a' sgrùdad mar as urrainnear buidhnean de nithean a cho-roinn gu co-ionann, is urrainn dhomh bloigh de dh'uimhir a lorg le bhith a' cleachdad a' eòlais air roinneadh.</p> <p style="text-align: right;"><b>MNU 1-07b</b></p> <p><i>Tro bhith a' gabhail pàirt ann an gniomhan practaigeach a' gabhail a-steach cleachdad a' rìochdachaidhean dealbhach, is urrainn dhomh mo thugse mu bhloighean simplidh a tha co-ionann a nochdad.</i></p> <p style="text-align: right;"><b>MTH 1-07c</b></p> <p>Is urrainn dhomh cur-ris, toirt air falbh, iomadachadh agus roinneadh a chleachdad nuair a tha mi a' fuasgladh dhuilgheadasan, a' dèanamh an fheum as fheàrr de na ro-innleachdan inntinn agus na sgilean sgrìobhte a tha mi air leasachadh.</p> <p style="text-align: right;"><b>MNU 1-03a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Mineachadh dè th' ann am bloigh le bhith a' cleachdad stuthan nitheil, rìochdachaidhean dealbhach agus briathrachas matamataigeach iomchaidh.</li> <li>Sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn mar as mothà an àireamh de phàirtean co-ionnan, is ann as lugha meud gach cuibhrinn.</li> <li>Cleachdad a' chomharraidh cheart airson bloighean cumanta gu deicheamhan, mar eisimpleir, <math>\frac{1}{2}</math>, <math>\frac{2}{3}</math> agus <math>\frac{5}{8}</math>.</li> <li>Dèanamh coimeas eadar meud bhloighean agus cur bhloighean simplidh ann an òrdugh air loidhne àireamhan.</li> <li>Cleachdad a' rìochdachaidhean dealbhach agus modailean eile gus tuigse a nochdad mu bhloighean co-ionann simplidh, mar eisimpleir, <math>\frac{1}{2} = \frac{2}{4} = \frac{3}{6}</math>.</li> <li>Mineachadh àite an àireamhaiche agus an t-seòrsache.</li> <li>Cleachdad firinnean iomadachaidh is roinnidh aithnichte agus ro-innleachdan eile gus bloighean-aonaid de dh'àireamhan iomlan a lorg, mar eisimpleir, <math>\frac{1}{2}</math> no <math>\frac{1}{4}</math>.</li> <li>Cleachdad firinnean iomadachaidh is roinnidh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan taobh a-staigh an raon àireamhan 0 gu 1000.</li> </ul>


## Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach

Tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh a' leasachadh mothachadh ceangailte agus sùbailte de bhloighean aig an ìre seo. Faodaidh cleachdad stuthan nitheil agus rìochdachaidhean dealbhach luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus an tuigse a dhoimhneachadh. Gheibhear eisimpleirean dhiubh sin air an ath-dhuilleag.


Lùb pàipear ann an lethean, cairtealan,  
ochdamhan, msaa.  
Deasbad air dè thachras gach turas a lùbas sinn  
am pàipear.

Lùb truinnsearan pàipeir ann  
an lethean, cairtealan,  
ochdamhan msaa.

Faodaidh luchd-ionnsachaidh diofar riochdan de lethean is chairealan a rannsachadh tro ghnìomhan sam bi iad a' lùbadh pàipear. Faodar iarraidh orra cumaidhean simplidh mar cheàrnagan agus ceart-cheàrnachan a lùbadh ann an leth, agus leth a-rithist, ann an uiread de dhòighean eadar-dhealaichte 's as urrainn dhaibh. Nuair a bhios iad gun fhosgladh, faodar na lùban a chleachdadh mar oirean earrainnean co-ionnan. Dh'fhaodte dùbhlan a thoirt do luchd-ionnsachaidh a h-uile dòigh a lorg gus dà lùb a chleachdadh gus ceàrnag a roinn ann an cairtealan.




Dh'fhaodte a' ghnìomhachd seo a leudachadh, mar eisimpleir gu bhith a' dèanamh ochdamhan le trì lùban. Dh'haodadh luchd-ionnsachaidh cuideachd sgrùdadhbh a dhèanamh air na thachrasa ma chleachdas iad barrachd air dhà no trì lùban gus cairtealan no ochdamhan a dhèanamh. Cuidichidh gniomhan mar seo luchd-ionnsachaidh gus sealladh sùbailte fhaighinn air cò ris a tha cairteal de chumadh coltach. Faodar gniomhan lùbaidh mar seo a chleachdadh cuideachd gus sealltainn gu soilleir mar as mothach an àireamh de phàirtean co-ionnan, is ann as lughach meud gach pàirt.



Cruthaich stíallan bloigh agus cleachd ballachan bloigh gus coimeasan a dhèanamh.

*'Cia mheud dòigh eadar-dhealaichte as urrainn dhut aon leth a dhèanamh?'*

Gheibhearr dreachan didseatach agus faodaidh iad a bhith nan goireasan èifeachdach gus taic a thoirt don phròiseas seo. Faodaidh na tha seo sealltainn mheudan dàimheach eadar-dhealaichte de bhloighean, a bharrachd air an co-ionannachd.



Faodar stuthan làitheil leithid bhlocaichean togail eadar-cheangailte a chleachdadadh gu cruthachail cuideachd gus bloighean, agus bloighean co-ionann a riochdachadh.


Cruinnich stuthan agus cleachd iad gus bloighean obrachadh a-mach.

*'Tha mi air ceithir rudan a chruinneachadh. Is e duilleagan a th' ann an trì caireal de na rudan.'*




Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidd cumaidhean a tharraing air an raon-chluiche agus bloighean a dhathadh de na cumaidhean.

Tha e cudromach a bhith a' brosnachadh luchd-ionnsachaidd gus caochladh chumaidhean a tharraing.



A' cleachdadadh fhrèamaichean de chòig is deich.



Tha  $\frac{3}{5}$  de na ceàrnagan le putain annta.

Tha  $\frac{2}{5}$  de na ceàrnagan gun chàil annta.

Tha  $\frac{4}{10}$  de na ceàrnagan le dotagan gorma annta.

Tha  $\frac{3}{10}$  de na ceàrnagan le dotagan oraindse annta.

Tha  $\frac{3}{10}$  de na ceàrnagan gun dotagan

Tha  $\frac{5}{10}$  de na ceàrnagan le duilleagan annta.

Tha  $\frac{5}{10}$  de na ceàrnagan gun càil annta.

Tuigidh cuid de luchd-ionnsachaidd gu bheil seo ionann ri aon leth. Thèid barrachd rannsachaidh a dhèanamh air co-ionannachd san dàrna ire.


Cleachd soithichean agus oibseictean làitheil gus bloighean a rannsachadh.

'Tha am botal seo mu letheach làn'  
'Tha dàrna leth de na h-uighean anns a' bhogsa.'


Faodar seo a leudachadh gu cairtealan, tritheadan msaa.



Cruthaich loidhnichean àireamhan bhloighean.  
Anns an eisimpleir seo chaidh an loidhne àireamhan a chruthachadh a' cleachdadh chairtealan, faodaidh luchd-ionnsachaidh cuideachd an cleachdadh le tritheadan, còigeamhan, deicreamhan msaa.



Faodar cuideachd iarraidh air luchd-ionnsachaidh loidhnichean àireamhan a chrìochnachadh nuair a tha bloighean a dhìth. Faodar seo a chleachdadh cuideachd gus òrdughan cunntaidh a rannsachadh agus tuigse a leasachadh air meudan dàimheil de bhloighean le seòrsache coitcheann.



Cleachd oibseictean a gheibhearr a-muigh gus stuthan a chur an òrdugh agus firinnean ceangail a chruthachadh.

$$\text{Is e } 5 \frac{1}{4} \text{ de } 20$$

$$\text{Is e } 10 \frac{2}{4} \text{ de } 20$$

$$\text{Is e } 15 \frac{3}{4} \text{ de } 20 \quad \text{Is e } 20 \frac{4}{4} \text{ de } 20$$


Bu chòir ceangalan soilleir a dhèanamh eadar bloighean, iomadachadh agus roinneadh oir bidh seo na bhuanachadh do luchd-ionnsachaidh nuair a ghluaiseas iad gu obrachadh a-mach eas-chruthach.

$$4 \times 5 = 20 \quad 5 \times 4 = 20 \quad \text{Is e } 5 \frac{1}{4} \text{ de } 20$$

$$20 \div 4 = 5 \quad 20 \div 5 = 4 \quad \text{Is e } 4 \frac{1}{5} \text{ de } 20$$



Seall bloighean air an riochdachadh ann an caochladh dhòighean.



Rannsaich iomadh eisimpleir de chumaidhean air an co-roinn ann am pàirtean ionann a shealltainn gun gabh a dhèanamh ann an grunn dhòighean eadar-dhealaichte.

Lìbhrig mòran chothroman gus  
bloighean de chumaidhean is  
oibseictean a lorg leithid mheasan,  
biadh, taois sho-làimhseachaidh, msaa.

Rannsaich ciall an fhacail bloigh.  
Bruidhinn ri luchd-ionnsachaidh mu mar  
a choinnich iad fhèin ri bloighean nam  
beatha.

### Bloigh de dh'iomlan


Faodaidh luchd-ionnsachaidh tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air an tuigse air bloigh de dh'iomlan tro riochdachaidhean dealbhach, mar eisimpleir le bhith a' dathadh earrainnean taobh a-staigh diagram de chumadh 2-sheallach le earrannan co-ionnan. Tha eisimpleir sìmplidh gu h-ìosal, far am faod luchd-ionnsachaidh tuigse a leasachadh air àite àireamhaiche agus seòrsaiche a' cleachdad a' chànan "aon phàirt a-mach à trì páirtean".

Dath aon trithead  $\left(\frac{1}{3}\right)$




Tha e cudromach gu bheil cothroman aig luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh caochladh dhòighean a ghabhas bloighean co-ionann a riochdachadh.

Dath aon trithead  $\left(\frac{1}{3}\right)$  anns an uiread diofar dhòighean  
as urrainn dhut.




Nuair a tha luchd-ionnsachaidh a' fàs misneachail a' dathadh diofar phàirtean de dhiagram sìmplidh gus bloigh de dh'iomlan a riochdachadh, tha e cudromach gu bheil cothrom aca grunn chumaidhean eadar-dhealaichte a chleachdad. Mar eisimpleir, tha na diagraman gu h-ìosal a' sealltann dhòighean nach eil cho eòlach gus lethean a dhathadh agus a' sealltann gu bheil

$$\frac{1}{2} = \frac{2}{4} = \frac{3}{6}.$$



Tha eòlas air eisimpleirean is neo-eisimpleirean cuideachd cudromach gus comharradh is dèiligeadh ri mi-thuigse. Ann an eisimpleir gu h-ìosal, is dòcha gun cur luchd-ionnsachaidh clearcall air A agus B seach A agus D mura h-eil iad air tuigsinn cho cudromach 's a tha earrainnean den aon mheud.

Tha a dhà de na diagraman a' sealltann  $\frac{2}{3}$  dathte. Cuir cearcall air na dhà.



## Bloigh de dh'uiread

Bu chòir a bhith a' lorg bloigh de dh'uiread na phàirt fhollaiseach de thugse agus eòlas luchd-ionnsachaidd mu iomadachadh agus roinneadh. Feumaidh iad tuigse a leasachadh mu bhriathrachas agus comharradh matamataigeach a tha co-cheangailte ri bloighean, gu sònraichte ciall àireamhaiche agus seòrsaire. Bu chòir cothrom a bhith aca fuasgladh fhaighinn air raon farsaing de dhuilgheadasan iomadachaidd is roinnidh le cuideam air ro-innleachdan inntinn. Tha e cudromach gum bi bun-bheachdan air cur ann am buidhnean agus co-roinn air an daingneachadh, còmhla ri mar a tha an t-eòlas seo a' ceangal ri bhith a' lorg bloigh de dh'uiread.

Faodar an ceangal seo a dhèanamh soilleir le bhith a' cruthachadh theaghlaichean de dh'fhìrinnean mar an t-eisimpleir gu h-ìosal.


$$3 \times 2 = 6 \quad 2 \times 3 = 6 \quad 6 \div 2 = 3 \quad 6 \div 3 = 2 \quad \frac{1}{2} \text{ of } 6 = 3 \quad \frac{1}{3} \text{ of } 6 = 2$$

Faodaidh seo leantainn gu na ciad cheuman ann an smaoineachadh ailseabhrach:

$12 \div \square = 3?$
$\frac{1}{3} \text{ de } \square = 10?$
$\square \times 4 = 32?$

Faodaidh cleachdadhe stuthan nitheil agus riochdachaidhean dealbhach luchd-ionnsachaidd a chuideachadh gus an eòlas air co-roinn agus roinneadh a chleachdadhe gus bloigh shìmplidh de dh'uiread a lorg mar a chithearan eisimpleir gu h-ìosal. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidd rudan mar cunntairean, ciùban, putain msaa a cho-roinn, mus gluais iad air adhart gu na dealbhan seo.

## Lorg aon chairteal de 24 rionnagan



Tha e cudromach gum faigh luchd-ionnsachaidh an cothrom eòlas a chur air comharradh bhloighean, agus a cheangal ris an tuigse aca air bloighean gu h-iomlan, gu earrannan co-ionann agus mar sin ri roinneadh. Cuidichidh seo iad gus bloigh de dh'uiread a lorg nuair a thèid a' bhloigh a chur an cèill ann an comharradh matamataigeach taobh a-staigh duilgheadas facail simplidh, mar an eisimpleir gu h-ìosal.

**Tha bogsa de 15 uighean a' tuiteam air an làr.**

Tha  $\frac{1}{3}$  de na h-uighean a' briseadh.

**Cia mheud ugh a bhriseas?**

Tha e na chuideachadh leigeil le luchd-ionnsachaidh stuthan nitheil no riochdachaidhean dealbhach a chleachdad gus na freagairtean aca obrachadh a-mach gus am bi iad misneachail nan tuigse. Faodaidh modaileadh bàir a bhith gu sònraichte cuideachail airson an eisimpleir gu h-àrd.

15

5      5

Nuair a tha luchd-ionnsachaidh misneachail nan tuigse, faodaidh iad duilgheadasan fheuchainn a tha a' dol nas fhaide na fiosrachadh aithnichte.

Tha 84 sgoilear a' gabhail pàirt ann an latha-spòrs  
sgoile.

Tha  $\frac{1}{6}$  aca a' gabhail pàirt san leum-fada.

Cia mheud sgoilear a tha a' gabhail pàirt san leum-fada?

## 14 sgoilear

Nuair a tha iad a' fuasgladh dhUILGHEADASAN, feumaidh luchd-ionnsachaidh na ro-innleachdan a tha iad air leasachadh a chleachdad airson àireamhan nas mothà a roinneadh. Airson tuilleadh fiosrachaiddh air na ro-innleachdan seo, seall ris an stòras ionnsachaidh proifeiseanta air Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail.

## Puingean ri bheachdachadh

- Bu chòir bloighean a chlàradh gu pongail, mar eisimpleir,  $\frac{3}{4}$  agus chan e  $\frac{3}{4}$ .
- Bu chòir a bhith faiceallach le cànan, mar eisimpleir, bu chòir bruidhinn air  $\frac{1}{3}$  mar 'aon trithead' seach 'trithead' no 'aon thar tri'.
- Is dòcha gum feum cuid de luchd-ionnsachaidh taic a bharrachd a' tuigsinn mar as mothà an seòrsaiche is ann an lugha an co-roinn. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cairtean taice a dhèanamh a chuidicheas iad a' cuimhneachadh an eadar-dhealachaidh eadar àireamhaiche agus seòrsaiche.

## Ceangalaichean gu Eagraicheadan Curraicealaim Eile

Tha àite nàdarra agus soilleir aig cleachdad bhloighean ann am pàirtean eile den churraicealam àireamhachd agus matamataig. Tha ionnsachadh ga dhoimhneachadh nuair a gheibhear cothrom cunbalach air an eòlas seo, agus, nuair a thèid a chomharrachadh gu soilleir, faodaidh e leigeil le luchd-ionnsachaidh faicinn mar a tha diofar thaobhan de dh'àireamhachd agus matamataig eadar-cheangailte. Tha bloighean air an ainmeachadh gu sònraichte anns na slatan-tomhais a leanas.

## An Uair

- Ag innse na huarach a' cleachdad leth-uair às dèidh, cairteal às dèidh agus cairteal gu, a' cleachdad chlocaichean analog agus clocaichean didseatach 12-uair.

## **Tomhas:**

- Leughadh grunn sgèilean air innealan tomhais, a' toirt a-steach an fheadhainn le bloighean sìmplidh, mar eisimpleir,  $\frac{1}{2}$  liotair.
- Cleachdadh chliathan ceàrnagach gus tuairmse a dhèanamh agus an uair sin tomhas fharsaingeachdan de dhiofar chumaidhean 2D sìmplidh chun na leth cheàrnaig as fhaisge.
- Cruthachadh chumaidhean le farsaingeachd shònraichte chun na leth cheàrnaig as fhaisge a' cleachdadh leacan no cliathan ceàrnagach.

## **Ceàrn**

- Cleachdadh teicneòlas agus dòighean eile airson tuairisgeul a thoirt air, leantainn agus clàradh chùrsaichean, a' cleachdadh fhaclan a bhuineas ri ceàrnan, cùrsaichean agus cuairtean a' toirt a-steach, cuairt iomlan, leth-chuaire, cairteal-chuaire, deasail, tuathal, tionndadh chun làimh dheis, tionndadh chun làimh chlì agus ceàrn ceart.

Faodar obair air bloighean (mar eisimpleir bloighean de dh'uiread) a dhaingneachadh cuideachd nuair a thathar a' fuasgladh dhuilgheadasan ann an eagraichean curraicealaim eile leithid Airgead, Dàta agus Anailis, Beachdan turchairt agus Mi-chinnt, agus ann an raoitean eile den churraicealam nas fharsainge.

## **Ceistean Meòrachail:**

- Anns an eadar-obrachadh againn le clann, ciamar as urrainn dhuinn bloighean a mhìneachadh mar 'pàirtean de dh'iomlan' ann an dòighean seach a bhith a' bruidhinn air sliseagan cèic no piotsa?
- Ciamar as urrainn dhuinn stuthan nitheil a chleachdadh gus an ceangal eadar roinneadh agus bloighean a nochdadh?
- Dè cho tric 's a bhios sinn a' bruidhinn air neo-eisimpleirean le luchd-ionnsachaидh gus an tuigse a leasachadh?
- Ciamar as urrainn do dh'ionnsachadh a-muigh a chur ri teagasg bhloighean, bhloighean deicheadh agus ceudadan?
- Dè na stuthan nitheil a bhios sinn a' cleachdadh gus tuigse mu cho-ionannachd a leasachadh?

# Dàrna ìre

Tha an clàr gu h-iosal a' toirt a-steach na h-eòlasan, builean agus slatan-tomhais co-cheangailte ri 'Braighean, Braighean Deicheach agus Ceudadan' aig an dàrna ìre. Bu choir na h-eòlasan agus na builean a chleachdad a bhith a' dealbhadh ionnsachadh, teagasc agus measadh. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na slatan-tomhais air an dealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh proifeasanta luchd-teagaisg ann an adhartas a dh'ionnsaigh ìre agus ann an coileanadh ìre. Tha raon de dhiofar eòlasan ann ris am feum luchd-ionnsachaidh a bhith fogsaithe mus gabh iad sin a choileanadh.

Eòlas is Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi air rannsachadh a dhèanamh air na co-theacsan làitheil anns am bi braighean simplidh, ceudadan no braighean deicheach gan cleachdad agus is urrainn dhomh an t-obrachadh a-mach riatanach a dhèanamh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan co-cheangailte.</p> <p style="text-align: right;"><b>MNU 2-07a</b></p> <p>Is urrainn dhomh na cruthan co-ionnan de braighean simplidh, braighean deicheach agus ceudadan a nochdad, agus is urrainn dhomh an cruth as fheàrr leam a thaghadh nuair a tha mi a' fuasgladh duilgheadas, a' mìneachadh mo roghainn modh.</p> <p style="text-align: right;"><b>MNU 2-07b</b></p> <p><i>Tha mi air sgrùdad a dhèanamh air mar as urrainnear seata de bhraighean co-ionann a chruthachadh, a' tuigsinn ciall an fhòirm as simplidh, agus is urrainn dhomh m' eòlas a chleachdad gus coimeas agus òrdachadh a dhèanamh de na braighean as cumanta.</i></p> <p style="text-align: right;"><b>MTH 2-07c</b></p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' cleachdad a dhèanamh air cruthan co-ionann de braighean cumanta, braighean deicheach agus ceudadan, mar eisimpleir, <math>\frac{3}{4} = 0.75 = 75\%</math>, gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan.</li><li>Obrachadh a-mach ceudadan simplidh de dh'uiread, agus a' cleachdad a dhèanamh air cruthan co-theacsan làitheil, mar eisimpleir, ag obrachadh a-mach prìs rud air a bheil lùghdachadh prìs 15%.</li><li>Obrachadh a-mach braighean simplidh de dh'uiread agus a' cleachdad a dhèanamh air cruthan co-theacsan làitheil, mar eisimpleir, lorg <math>\frac{3}{5}</math> de 60.</li><li>Cruthachadh braighean co-ionann agus a' cleachdad a dhèanamh air cruthan co-theacsan làitheil, mar eisimpleir, agus is urrainn dhomh m' eòlas a chleachdad gus coimeas agus òrdachadh a dhèanamh de na braighean as cumanta a chur ann an òrdugh.</li><li>Cur an cèill braighean anns an riochd as simplidh aca.</li></ul>

## Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach

Faodaidh duilgheadasan simplidh le airgead agus tomhas meatrach a bhith na cho-theacsan feumail airson braighean, braighean deicheach agus ceudadan aig an ìre seo a rannsachadh. Gheibhearr eisimpleirean dhiubh sin anns an stòras ionnsachaidh phroifeasanta Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail.

Tha e cudromach gum faigh luchd-ionnsachaidh cothroman gus ro-innleachdan eile a rannsachadh agus an deasbad len co-aoisean. Tha gnìomhan a bhrosnaicheas luchd-ionnsachaidh gu bhith a' bruidhinn mu dheidhinn àireamh a' toirt cothrom dhaibh raon farsaing de dhòighean-làimhseachaidh a lorg airson fuasgladh a ruigsinn agus sgilean agus comas reusanachaidh a leasachadh. Tha eisimpleirean dhiubh sin air an toirt a-steach tron ìre seo.

## Bloigh de dh'Uiread

Feumar cànan agus comharradh matamataigeach bhloighean a chleachdadadh gu ceart agus gu tric, oir tha e deatamach gum bi luchd-ionnsachaidh soilleir mu àite an àireamhaiche agus an t-seòrsache nuair a lorgas iad bloighean neo-aonadach de dh'uiredan ann an duilgheadasan mar am fear gu h-iosal.

Chunnaic am bheat 120 beathach an t-seachdain sa chaidh.

Is e coineanaich a bh' ann an  $\frac{9}{10}$  aca.


Cia mheud coineanach a chunnaic am bheat an t-seachdain sa chaidh?

**108 coineanach**


Faodar stuthan nitheil no riochdachaidhean dealbhach a chleachdadadh gus tuigse mu chleachdadadh roinnidh a dhaingneachadh (far a bheil an seòrsache ag innse na h-àireimh de dh'earrainnean a tha ri dhèanamh) agus iomadachadh (far a bheil an t-àireamhaiche ag innse na h-àireimh de dh'earrainnean a tha rin toirt a-steach) gus am bi luchd-ionnsachaidh misneachail ann a bhith a' dèiligeadh ri ceistean mar sin.

**Seo 20 cunnair. Tha Sue a' togail  $\frac{3}{5}$  aca.**

**Cia mheud cunnair a thog Sue?**




Dh'haodadh luchd-ionnsachaidh cunntairean no dotagan air duilleag a chleachdadadh gus fuasgladh fhaighinn:



## 12 cunntairean

Air neo, dh'fhaodte modaileadh bàir a chleachdad gus an aon fhreagairt a ruigsinn:




## Bloighean Co-ionann

Faodaidh cleachdad stuthan nitheil agus riochdachaidhean dealbhach luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus an tuigse a neartachadh air bloighean co-ionann agus bloighean a shìmpleachadh. Tha e deatamach nach bi luchd-ionnsachadh a' coimhead air lorg bhloighean co-ionann agus shìmpleachadh bhloighean mar sgilean eadar-dhealaichte, agus gun tèid an teagasg agus an cleachdad ann an dòigh cheangailte, mar eisimpleir:

$$\frac{3}{9} = \frac{?}{3} = \frac{2}{?} = \frac{4}{?}$$

Dh'haodte riochdachadh dealbhach a chleachdad gus an gnìomh seo a dhèanamh, mar a chithear gu h-ìosal:




### Ag Òrdachadh Bhloighean

Bidh gnìomhan a' toirt a-steach òrdachadh bhloighean le diofar sheòrsaichean a' lìbhrigeadh suidheachadh far am faod luchd-ionnsachaидh an eòlas agus an tuigse air bloighean co-ionann agus iomadan cumanta a chur an gnìomh, mar eisimpleir:


**Cuir na bloighean seo ann an òrdugh meud, a' tòiseachadh leis an tè as lugha.**

$$\frac{2}{5} \qquad \frac{3}{10} \qquad \frac{1}{4}$$

Dh'haodte bloighean-bàir a chleachdad gus meud dàimheach gach bloigh a shealltainn, mar a chithear gu h-ìosal:



Dh'haodte riochdachadh dealbhach a chleachdad cuideachd.



Anns a' chùis seo, feumar beachdachadh gu faiceallach air faid a' mhodail bhàir, mar eisimpleir le bhith a' cleachdad fhaidean de 10cm. An uair sin dh'haodadh an dòigh-obrach seo leantainn air adhart gu cleachdad an iomaid as teirce de 4, 5 agus 10 gus gach bloigh a thionndadh gu ficheadamhan.


$$\frac{5}{20} < \frac{6}{20} < \frac{8}{20} \quad \text{agus mar sin} \quad \frac{1}{4} < \frac{3}{10} < \frac{2}{5}$$

Gus cleachdadadh fhaighinn air coimeas a dhèanamh eadar bloighean, faodar geama dìsnean a chluiche far a bheil bloigh air a chruthachadh le bhith a' tilgeil dà dhìsinn airson àireamhaiche agus seòrsaire a dhearbhadh, an uair sin thèid am pròiseas a dhèanamh a-rithist gus bloigh eile a dhearbhadh. Bu chòir don neach-ionnsachaidh a ràdh dè a' bhloigh as mothà no mìneachadh carson a tha an dà bhloigh co-ionann.

Nuir a tha luchd-ionnsachaidh misneachail nan tuigse air a' phròiseas seo, faodar a dhol air adhart bho dhòighean nitheil agus dealbhach gu obrachadh a-mach eas-chruthach, a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh dèiligeadh ri duilgheadasan mar am fear gu h-íosal.

Tha deuchainnean aig Stephen ann am Matamataig, Beurla agus Fraingis. Tha na toraidhean aige gu h-íosal:

$$\text{Beurla } \frac{12}{20} \quad \text{Matamataig } \frac{27}{40} \quad \text{Fraingis } \frac{50}{80}$$

Cuir na toraidhean aige ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an toradh as fheàrr aige.

### Fuasgladh a dh'fhaodadh a bhith ann

$$\text{Beurla } \frac{12}{20} = \\ \frac{24}{40}$$

$$\text{Matamataig } \frac{27}{40} \quad \text{Fraingis } \frac{50}{80} = \frac{25}{40}$$

**Mar sin, is e Matamataig an toradh as fheàrr, air a leantainn le Fraingis agus an uair sin Beurla.**

Tha grunn dhòighean-obrach ann a dh'fhaodar a chleachdadadh gus coimeas a dhèanamh eadar na toraidhean sin, ach bu chòir bruidhinn gu soilleir air lorg seòrsaire cumanta airson coimeas agus tionndadh gu ceudadan.

### Bloighean Deichead

Nuir a thathas a' toirt luaidh air deicheadan an toiseach, tha e feumail togail gur e bloigh a th' ann an deichead sgrìobhte ann an dùigh eadar-dhealaichte. B' urrainn do luchd-ionnsachaidh innse far am faca iad bloighean deichead gan cleachdadadh nam beatha fhèin. Faodaidh eisimpleirean a bhith a' toirt a-steach airgead, amannan spòrs, bèicearachd, cuideam, faid msaa.

Hundreds	Tens	Ones	.	Tenths	Hundredths
3	2	7	.	6	3

Is e àireamh ionlan a th' anns a h-uile h-àireamh air taobh clì de phuing dheicheadh.

Is e pàirt de dh'ionlan a th' anns a h-uile h-àireamh air taobh dheas de phuing dheicheadh.

Tòisich le bhith a' rannsachadh dheicheadhan. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh pìos pàipeir a lùbadh ann an deich pàirtean co-ionann.

aon deicheadh

$$\frac{1}{10}$$


0.1

Feumaidh luchd-ionnsachaidh tuigsinn gur iad seo diofar dhòighean air an aon àireamh a riochdachadh.

$\frac{1}{10}$	$\frac{2}{10}$	$\frac{3}{10}$	$\frac{4}{10}$	$\frac{5}{10}$
0.1	0.2	0.3	0.4	0.5
$\frac{6}{10}$	$\frac{7}{10}$	$\frac{8}{10}$	$\frac{9}{10}$	$\frac{10}{10}$
0.6	0.7	0.8	0.9	1

one tenth	two tenths	three tenths	four tenths	five tenths	six tenths	seven tenths	eight tenths	nine tenths	ten tenths
$\frac{1}{10}$	$\frac{2}{10}$	$\frac{3}{10}$	$\frac{4}{10}$	$\frac{5}{10}$	$\frac{6}{10}$	$\frac{7}{10}$	$\frac{8}{10}$	$\frac{9}{10}$	$\frac{10}{10}$
0.1	0.2	0.3	0.4	0.5	0.6	0.7	0.8	0.9	1

Cia mheud deichead a tha air a dhathadh?  
Dè tha seo mar bhloigh dheicheach?



Nuair a tha luchd-ionnsachaidh misneachail le deicheadan faodaidh iad a dhol air adhart gu ceudamhan, a' cleachdadh ceàrnag ceud faladh.


aon cheudamh

$\frac{1}{100}$

0.01

Cia mheud ceàrnag a chunntas tu?

100



Tha gach ceàrnag  $\frac{1}{100}$ .

Faodar seo a sgrìobhadh cuideachd mar 0.01


0.01	0.02	0.03	0.04	0.05	0.06	0.07	0.08	0.09	0.1
0.11	0.12	0.13	0.14	0.15	0.16	0.17	0.18	0.19	0.2
0.21	0.22	0.23	0.24	0.25	0.26	0.27	0.28	0.29	0.3
0.31	0.32	0.33	0.34	0.35	0.36	0.37	0.38	0.39	0.4
0.41	0.42	0.43	0.44	0.45	0.46	0.47	0.48	0.49	0.5
0.51	0.52	0.53	0.54	0.55	0.56	0.57	0.58	0.59	0.6
0.61	0.62	0.63	0.64	0.65	0.66	0.67	0.68	0.69	0.7
0.71	0.72	0.73	0.74	0.75	0.76	0.77	0.78	0.79	0.8
0.81	0.82	0.83	0.84	0.85	0.86	0.87	0.88	0.89	0.9
0.91	0.92	0.93	0.94	0.95	0.96	0.97	0.98	0.99	1

Anns a' chliath seo chaidh 6 às na ceud bhogsaiscean a dhathadh.


Faodar seo a sgrìobhadh mar  $\frac{6}{100}$  no 0.06.

Dh'fhaodte cliathan falamh a thoirt do luchd-ionnsachaidh cuideachd agus iarraidh orra meud sònraighe a dhathadh, m.e. 0·9, 0·78, 0·08 msaa. Dh'fhaodte cuideachd cliathan a thoirt dhaibh a chaidh a lionadh ann am pàirt agus iarraidh orra a' bhloigh dheicheach a chaidh a dhubhadh a-mach innse.

Aig an ìre seo tha e cudromach beachdachadh air an eadar-dhealachadh eadar 0·1 agus 0·01 a' cleachdadadh eisimpleirean lèirsinneach.



Tha e cuideachd feumail rannsachadh gu bheil aon deicheadm ionann ri deich ceudamhan, a' cleachdadadh stuthan nitheil.



Faodar seo a dhèanamh a-rithist is a-rithist le caochladh eisimpleirean agus nuair a tha tuigse mhath aig luchd-ionnsachaidh air a' bhun-bheachd seo, a' cleachdadadh eisimpleirean lèirsinneach, faodaidh iad a dhol air adhart gu bhith a' freagairt cheistean ionann gun na dealbhan.


## Ceudad de dh'Uiread

Faodar ceudadan a thoirt a-steach nuair a tha tuigse làidir aig luchd-ionnsachaidh air bloighean co-ionann. Feumaidh luchd-ionnsachaidh tuigsinn gur e dìreach dòigh eile a th' ann am bloighean deicheadh agus ceudadan airson bloigh a mhìneachadh.

Tha an soidhne % a' seasamh airson 'per cent' a tha a' ciallachadh 'a-mach à 100'.

Tha e cudromach beachdachadh air càite am faigh sinn ceudadan nar beatha làitheil, m.e. reic bhùthan, cìs, tasgaidhean airson saor-làithean, msaa.

Faodaidh gnìomhan, leithid cleachdadhe ceàrnag ceud, cuideachadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh deagh thuigse mu cho-ionannachd cheudadan agus bloighean simplidh.



A-mach à 100 ceàrnag cia mheud a tha dathte?


1

Is e 1% a th' aqainn air seo.


A-mach à 100 ceàrnag cia mheud a tha dathte?

75

Is e 75% a th' aqainn air seo.



Faodar seo a dhèanamh le grunn eisimpleirean agus a leudachadh gus cruthan co-ionann de bhloighean, bloighean deicheadh agus ceudadan cumanta a lorg.





$\frac{50}{100}$


$\frac{1}{2}$

50%


0·5



Faodaidh luchd-ionnsachaidh an tuigse a leudachadh le bhith a' taisbeanadh uireadan ann an dòighean eadar-dhealaichte.



Bheir a' ghniomhachd gu h-ìosal cothroman airson atharrachaidhean oir faodaidh luchd-ionnsachaidh a' cheist fhaighinn aig an ìre iomchaidh do gach neach. Chaidh freagairtean a thoirt seachad, ach tha coltas ann gun toir luchd-ionnsachaidh fuasglaidhean a bharrachd seachad cuideachd.




Dh'fhaodte iarrайдh air luchd-ionnsachaidh uireadan a chur ann an òrdugh, a' dol bhon uiread as lugha dhan fhear as mothà.

$$\frac{4}{5} \quad 22\% \quad 0.4 \quad \frac{1}{4} \quad 0.33$$

Tha tàrr còmhraidh mu na diofar dhòighean air seo a dhèanamh glè chudromach. Faodaidh luchd-ionnsachaidh an uair sin bruidhinn air dè an dòigh as èifeachdaiche agus carson. Tha e coltach gun roghnaich luchd-ionnsachaidh na meudan uile a thionndadh gu bloighean deicheadan no ceudadan agus an uair sin an cur ann an òrdugh bhon uiread as lugha chun an uireid as mothà.

$$22\% \rightarrow \frac{1}{4} \rightarrow 0.33 \rightarrow 0.4 \rightarrow \frac{4}{5}$$


Ma tha luchd-ionnsachaidh misneachail anns a' cho-ionannachd seo, agus ann a bhith a' lorg bloigh de dh'uiread, tha lorg cheudadan sìmplidh de dh'uiread na leudachadh nàdarra den eòlas seo. Mar eisimpleir, gus 25% de 120g a lorg, faodaidh luchd-ionnsachaidh cairteal den t-suim seo a lorg.



Tha 25% ionann ri aon chairteal. Gus aon chairteal a lorg bidh sinn a' roinneadh le ceithir. Is e 120g air a roinneadh le ceithir 30g.

Dh'fhaodadh an t-eisimpleir gu h-àrd a leudachadh gu bhith a' lorg 75%, a' cleachdad an eòlais gu bheil 75 co-ionann ri trì chairteal.

Bu chòir cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh cuideachd ceudadan aithnichte de dh'uireadan a chleachdad gus feadhainn eile a lorg. Faodaidh diagraman damhain-allaidh ceudad, mar am fear gu h-ìosal, a bhith na dhòigh èifeachdach air a' phròiseas seo a rannsachadh.



## Co-ionannachd Bhloighean, Bloighean Deichead agus Ceudadan

Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag obair tron dàrna ìre, tha co-ionannachdan cumanta leithid

$$\frac{1}{10} = 0\cdot1 = 10\% \text{ agus}$$

$\frac{1}{2} = 50\% = 0\cdot5$  a' fàs gu math eòlach, a' toirt comas dhaibh ceistean a fhreagairt leithid:

Ma tha aon às gach còignear clì-làmhach, dè an ceudad a tha seo?

20%

Faodaidh luchd-ionnsachaidh an uair sin gluasad air adhart gu eisimpleirean a tha a' toirt a-steach cleachdadh an cuid eòlais air bloighean co-ionann gus an urrainn dhaibh am freagairt a thoirt seachad anns an riochd as simplidh.

Aig geama ball-coise, is e clann an th' ann an 35% den t-sluagh.

Dè a' bhloigh a tha seo?

$$35\% = \frac{35}{100} = \frac{7}{20}$$

Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn buannachd bho thugse mhath air luach a rèir àite deicheadh nuair a bhios iad ag obair le bloighean deicheadh. Bidh cothrom a bhith a' rannsachadh cho-ionannachdan leithid  $0\cdot4 = \frac{4}{10} = \frac{40}{100} = \frac{400}{1000}$  agus

$0\cdot11 = \frac{11}{100} = \frac{110}{1000}$  gan cuideachadh a' déanamh coimeas eadar bloighean le bloighean deicheadh.

Dè na h-àireamhan a leanas a tha nas lugha na  $\frac{2}{10}$ ?

0·18

0·208

0·2

0·02

0·18 agus 0·02

## Puingean ri bheachdachadh

Nuair a bhios iad ag obair le bloighean, bloighean deicheadh agus ceudadan, is dòcha gum bi rudan ann nach eil luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn. Tha eisimpleirean de cheistean 'Ceart no Ceàrr', a dh'fhaodte a chleachdadh gus mì-thugse a chomharrachadh, air an toirt seachad gu h-ìosal. Nuair a tha iad a' freagairt an t-seòrsa ceist seo, tha e deatamach gun urrainn do luchd-ionnsachaidh an reusanachadh aca a mhìneachadh gu faiceallach agus gum bi luchd-dreuchd a' dealbhadh airson mar a dhèiligeas iad ri mì-thugse sam bith a lorgar.

Ceart no Ceàrr:  $0 \cdot 2881 > 0 \cdot 5$

Ceart no Ceàrr:  $3 \cdot 7 + 4 \cdot 5 = 7 \cdot 12$

Ceart no Ceàrr:  $2 \cdot 3 \times 10 = 2 \cdot 30$

Ceart no Ceàrr:  $\frac{1}{10} > \frac{1}{9}$

## Ceangalaichean gu Eagraicheadan Curraicealaim Eile

Tha àite nàdarra agus soilleir aig cleachdadhbhloighean, bloighean deicheach agus ceudadan ann am páirtean eile den churraicealam àireamhachd agus matamataig. Tha ionnsachadh ga dhoimhneachadh nuair a gheibhear cothrom cunbalach air an eòlas seo, agus, nuair a thèid a chomharrachadh gu soilleir, faodaidh e leigeil le luchd-ionnsachaidd faicinn mar a tha diofar thaobhan de dh'aireamhachd agus matamataig eadar-cheangailte. Tha tuigse air bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan ceangailte gu dìreach ris na slatan-tomhais a leanas.

### Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail

- Leudachadh eòlais air luach a rèir àite agus pròiseasan àireamhail gu bloighean deicheach. Faic stòras ionnsachaidd proifeiseanta Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail airson tuilleadh fiosrachaidd mu luach a rèir àite, curris, toirt air falbh, iomadachadh agus roinneadh le bloighean deicheach.

### Iomadan, Factaran agus Prìomhan

- Aithneachadh iomadan agus factaran àireamhan iomlan agus a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse orra sin nuair a tha iad a' fuasgladh dhuilgheadasan buntainneach ann an àireamh, airgead agus tomhas.

### Tuairmse agus Cruinneachadh

- Cruinneachadh bhloighean deicheach don àireamh shlàn as fhaisge, gu aon àite deicheach agus dà àite deicheach. Cleachdadhbhloighean deicheach don àireamh shlàn as fhaisge, gu aon àite deicheach agus dà àite deicheach. Cleachdadhbhloighean deicheach don àireamh shlàn as fhaisge, gu aon àite deicheach agus dà àite deicheach. Cleachdadhbhloighean deicheach don àireamh shlàn as fhaisge, gu aon àite deicheach agus dà àite deicheach.

### Airgead

- Dèanamh obrachadh a-mach airgid anns a bheil na ceithir obrachaidhean.

### An Uair

- Eòlach air a' cheangal eadar aonadan tìm a chleachdar gu cumanta agus a' dèanamh obrachadh a-mach tionndaiddh, mar eisimpleir a' tionndadh  $1\frac{3}{4}$  uairean gu mionaidean.
- Taghadh an inneal-tìm as fhreagarrache ann an suidheachaidhean practaigeach agus a' clàradh na h-uarach a' cleachdadhbhloighean deicheach don àireamh shlàn as fhaisge, gu aon àite deicheach agus dà àite deicheach.

### Tomhas

- Tionndadh eadar aonadan tomhais cumanta a' cleachdadhbhloighean deicheach, mar eisimpleir,  
 $550 \text{ cm} = 5 \cdot 5 \text{ m}$ ,  $3 \cdot 009 \text{ kg} = 3009 \text{ g}$ .

- Leughadh grunn sgèilean gu ceart.

### **Beachdan Turchairt agus Mì-chinnt**

- Cleachdadh cànan coltachd gu ceart gus tuairisgeul a thoirt air mar a tha tachartasan sìmplidh a' tachairt, mar eisimpleir, cothrom co-ionann; caogad-caogad; aon chothrom amach à dhà; dà chothrom ann an trì; coltachd air a thoirt mar bhloigh no ceudad.

### **Ceistean Meòrachail:**

- Ciamar as urrainn dhuinn ionnsachadh ùr a cheangal ris an eòlas a tha aig luchd-ionnsachaidh mu thràth?
- Ciamar as urrainn dhuinn, mar luchd-dreuchd, ar tuigse fhèin air bloighean deicheadh a leasachadh?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' togail air an eòlas agus sgilean a bh' aca mar-thà gus an tuigse air luach a rèir àite a leudachadh nuair a bhios iad ag obair le àireamhan iomlan agus ag obair le bloighean deicheadh?
- Dè a' mhì-thuigse a bhios aig luchd-ionnsachaidh agus ciamar as urrainn dhuinn na cothroman gun tachair seo a lughdachadh?
- A bheil sinn a' gabhail ùine gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse làidir aig luchd-ionnsachaidh air a' bhriathrachas co-cheangailte ri bloighean, bloighean deicheadh agus ceudadan?

# Treas Ìre

Tha an clàr gu h-iosal a' toirt a-steach na h-eòlasan, builean agus slatan-tomhais co-cheangailte ri 'Bloighean, Bloighean Deicheach agus Ceudadan' aig an treas ìre. Bu chòir na h-eòlasan agus na builean a chleachdad a bhith a' dealbhadh ionnsachadh, teagast agus measadh. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na slatan-tomhais air an dealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh proifeasant luchd-teagaisg ann an adhartas a dh'ionnsaigh ìre agus ann an coileanadh ìre. Tha raon de dhiofar eòlasan ann ris am feum luchd-ionnsachaidh a bhith foggailte mus gabh iad sin a choileanadh.

Eòlas is Builean	Slatan-tomhais
<p>Is urrainn dhomh duilgheadasan fuasgladh le bhith ag obrachadh a-mach le raon farsaing de bhloighean, bloighean deicheach agus ceudadan, a' cleachdad mo fhreagairtean gus coimeasan agus roghainnean fiosraichte a dhèanamh airson suidheachaidhean fior.</p> <p><b>MNU 3-07a</b></p> <p><i>Le bhith a' cleachdad m' eòlais air bloighean co-ionann agus iomadan cumanta, is urrainn dhomh bloighean a chleachdar gu cumanta a chur ris agus a thoirt air falbh.</i></p> <p><b>MTH 3-07b</b></p> <p><i>An dèidh dòighean practaigeach, dealbhach agus sgrìobhete a chleachdad gus mo thugse a leasachadh, is urrainn dhomh tionndadh eadar àireamhan iomlan no àireamhan agus bloighean measgaichte.</i></p> <p><b>MTH 3-07c</b></p> <p>Is urrainn dhomh sealltainn mar as urrainnear uireadan a tha co-cheangailte a mheudachadh no a lùghdachadh gu co-chuideil agus seo a chur an gniomh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan ann an co-theacsan làitheil.</p> <p><b>MNU 3-08a</b></p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Tionndadh bhloighean, bloighean deicheach no ceudadan gu bloighean co-ionann, bloighean deicheach no ceudadan.</li><li>• Cur ris agus a' toirt air falbh àireamhan iomlan agus bloighean, a' gabhail a-steach nuair a bhios tu ag atharrachadh seòrsache.</li><li>• Tionndadh eadar àireamhan iomlan no measgaichte, bloighean anabharr agus bloighean deicheach.</li><li>• Cleachdad eòlas air bloighean, bloighean deicheach agus ceudadan gus obrachadh a-mach a dhèanamh le, agus às aonais àireamhair.</li><li>• Fuasgladh duilgheadasan anns a bheil uireadan co-cheangailte air am meudachadh no air an lughdachadh gu co-chuideil.</li><li>• Cur an cèill uireadan mar cho-mheas agus far a bheil sin iomchaidh a' simpleachadh, mar eisimpleir, 'ma tha 6 tidsearan agus 60 leanabh ann an sgoil, lorg co-mheas na h-àireimh thidsearan ris an àireamh iomlan de thidsearan is clann'.</li></ul>

## Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach

Nuir a bhios luchd-ionnsachaidh deiseil airson gluasad air adhart chun treas ìre, bu chòir co-ionannachd bhloighean sìmplidh, bloighean deicheach agus ceudadan a bhith mar fhìrinn aithnichte. Bu chòir do luchd-ionnsachaidh cuideachd ro-innleachdan a leasachadh gus bloighean sìmplidh agus ceudadan de dh'uireadan a lorg. Gheibh luchd-ionnsachaidh buannachd bho chothroman cunbalach gus na sgilean tuairmseach aca a leasachadh agus raon de dh'obrachadh a-mach inntinn èifeachdach airson **cur ris, toirt air falbh, iomadachadh agus roinneadh bloighean deicheach**.

## Co-ionannachd Bhloighean, Bloighean Deichead agus Ceudadan

Gheibh luchd-ionnsachaidh buannachd bho chothroman gus ro-innleachdan a leasachadh a bhios a' cleachdad bho co-ionannachdan aithnichte gus luachan nach eil cho cumanta a lorg.

Tha sùilean gorma aig triùir a-mach à ochdnar ann am buidheann.

Dè an ceudad a tha seo?

Fuasgladh a dh'fhaodadh a bhith ann:

$$\frac{1}{4} = 25\%, \text{ mar sin } \frac{1}{8} = 12.5\%, \text{ agus mar sin } \frac{3}{8} = 37.5\%.$$

Tha gniomhachd a bhrosnaicheas luchd-ionnsachaidh gu bhith a' bruidhinn mu dheidhinn àireamh a' toirt cothrom dhaibh raon farsaing de dhòighean-làimhseachaidh a lorg airson fuasgladh a ruigsinn agus an reusanachadh a mhineachadh.

Faodar co-ionannachd a tha aithnichte no a chaidh obrachadh a-mach a chleachdad gus coimeas a dhèanamh eadar bhloighean le diofar sheòrsaichean, gu sònraichte bloighean air nach eileas eòlach no a tha neo-àbhaisteach. Ged a bu chòir dòighean nach cleachd àireamhair am brosnachadh, tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh nuair a bhios àireamhair gu math nas èifeachdaiche, agus gun urrainn dhaibh obrachadh a-mach iomchaidh a dhèanamh.

Dè an comharradh as àirde, 23 a-mach à 30 no 30 a-mach à 39?

Fuasgladh a dh'fhaodadh a bhith ann:

$$23 \div 30 = 0.76666\dots \quad 30 \div 39 = 0.76923\dots$$

Mar sin, is e 30 a-mach à 39 an comharradh as àirde.

Feumaidh fios a bhith aig luchd-ionnsachaidh mar a thionndaidheas iad am fiosrachadh seo gu bloighean deicheadh no ceudadan, agus far a bheil sin riatanach, coimhead gu àiteachan deicheadh gu leòr gus coimeas iomchaidh a dhèanamh.

### Bloigh de dh'Uiread

Gheibh luchd-ionnsachaidh buannachd bho bhith a' leasachadh misneachd agus fileantas ann an iomadachadh agus roinneadh le bhith a' dèanamh obrachadh a-mach anns a bheil raon farsaing de bhloighean, bloighean deicheadh agus ceudadan, mar eisimpleir:

Dè  $\frac{3}{7}$  de 80.5?

$$80.5 \div 7 = 11.5$$

$$11.5 \times 3 = 34.5$$

Dè 3.5% de £420?

$$1\% \text{ de } £420 = £4.20$$

$0 \cdot 5\% \text{ de } £420 = £2.10$ $3 \cdot 5\% \text{ de } £420 = £14.70$
---

Tha e buannachdail do luchd-ionnsachaidd ma gheibh iad cothroman cuideachd an smaoineachadh ailseabreach a leasachadh le bhith a' fuasgladh dhuilgheadasan leithid:

$$\frac{3}{4} \text{ of } 300 = ?$$


$$\frac{?}{5} \text{ of } 600 = 360$$

$$\frac{2}{3} \text{ of } ? = 280$$

$$\frac{3}{?} \text{ of } 420 = 180$$

Faodaidh modaileadh bàir a bhith gu sònraichte feumail ann a bhith a' fuasgladh dhuilgheadasan den leithid, mar eisimpleir:

$$\frac{?}{5} \text{ de } 400 = 320$$




$$\text{Mar sin } \frac{4}{5} \text{ de } 400 = 320$$

### Cur-ris agus Toirt Air Falbh Bhloighean

Faodar loidhnichean àireamhan a chleachdad gus taic a thoirt do leasachadh tuigse luchd-ionnsachaidd mu bhith a' cur ris agus a' toirt air falbh bloighean le seòrsaichean co-ionnan. Faodaidh luchd-ionnsachaidd cuideachd rannsachadh a dhèanamh air bloighean aig a bheil luach nas motha na 1 agus fàs eòlach air comharradh àireamhan measgaichte.

Tha an t-eisimpleir gu h-ìosal a' sealltainn gu bheil  $\frac{5}{8} + \frac{4}{8} = 1\frac{1}{8}$ .

Bhiodh  $\frac{9}{8}$  cuideachd ceart agus bhiodh e feumail tide gu leòr a dhèanamh gus bruidhinn air an dà fhreagairt.




Is dòcha gum b' fheàrr le luchd-ionnsachaidh dòigh-obrach  
lèirsinneach a chleachdadadh.



agus



a' dol gu




Faodar dòigh-obrach coltach ri seo a chleachdadadh a' sealltainn cur-ris agus toirt air falbh far a bheil na seòrsaichean eadar-dhealaichte. Tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh air fàs misneachail ann a bhith a' lorg bhloighean co-ionann mus gluais iad air adhart chun na h-ìre seo.


Tha an t-eisimpleir gu h-ìosal a' sealltainn gu bheil  $\frac{1}{2} + \frac{1}{3} = \frac{5}{6}$



agus




ionann ri



agus



agus a' dol gu



Gus cleachdadadh fhaighinn air cur-ri bloighean, faodar geama dhìsnean a chluich far a bheil bloigh air a chruthachadh le bhith a' tilgeil dà dhìsinn airson àireamhaiche agus seòrsache a dhearbhadh, an uair sin thèid am pròiseas a dhèanamh a-rithist gus bloigh eile fhaighinn.

Faodaidh tilgeadh dìsinn bloigh anabharr a dhèanamh, ach ma tha àireamhan air an cuingealachadh gu sia agus gu h-ìosal cumaidh sin an geama gun a bhith ro thoinnte, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh aire a chumail air an ionnsachadh ùr. Gus a' ghnìomhachd seo a leudachadh gu toirt air falbh, bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh nam bloighean as motha gus òrdugh an toirt air falbh a dhearbhadh, no dh'faodadh iad bloighean àicheil a sgrùedadadh mar ghnìomhachd leudachaidh.

## Co-mheas agus Co-chuid

Faodar caochladh dhUILGHEADASAN thar a' churraicealaim àireamhachd agus matamataig fhuasgladh le bhith a' cleachdad reusanachadh co-chuideil, agus mar sin tha e buannachdail do luchd-ionnsachaидh ro-innleachdan earbsach a chleachdad gus an leithid de dh'obrachadh a-mach a dhèanamh. Faodaidh luchd-ionnsachaидh na ro-innleachdan iomadachaيدh is roinnidh aca a chur an gnìomh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan leithid:

Tha 3 cnagain peant gan cleachdad gus farsaingeachd de 72  
meatair ceàrnagach a chòmhdaichadh.

Dè an fharsaingeachd a chòmhdaicheas 5 cnagain peant?

72

24

24

24

24

24

24

24

24

Còmhdaichidh 5 cnagain farsaingeachd de 120m<sup>2</sup>.

Is doch a gum bi luchd-ionnsachaidh airson reusanachadh co-chuideil a chleachdad gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan co-cheangailte ri luaths, astar agus ùine, mar eisimpleir.

Bha càr a' siubhal aig astar cuibheasach de 48 mìle san uair.

Dè cho fada 's a shiubhail e ann an 15 mionaidean?

48 mìle

15 mion

15 mion

15 mion

15 mion

12 mìle

12 mìle

12 mìle

12 mìle

Tha e a' siubhal 12 mìle ann an 15 mionaidean.

Bidh luchd-ionnsachaidh cuideachd a' cleachdad nan sgilean seo nuair a tha iad a' dèligeadh ri duilgheadasan co-cheangailte ri atharrachadh airgid, agus lorg an luach as fheàrr nuair a thathar a' dèanamh coimeas eadar prìsean.

Faodar dòighean nitheil agus dealbhach a chleachdad gus co-mheasan agus an sìmpleachadh a nochdad.


Tha 12 cunntairean deurga agus 3 cunntairean buidhe ann.

Obraich a-mach co-mheas nan cunntairean deurga gu cunntairean buidhe.

Sgriobh an co-mheas anns an riochd as simplidh.



4:1



## Ceanglaichean gu Eagraicheadan Curraicealaim Eile

Tha àite nàdarra agus soilleir aig cleachdadhean bhloighean ann am pàirtean eile den churraicealam àireamhachd agus matamataig. Tha ionnsachadh ga dhoimhneachadh nuair a gheibhear cothrom cunbalach air an eòlas seo, agus, nuair a thèid a chomharrachadh gu soilleir, faodaidh e leigeil le luchd-ionnsachaidh faicinn mar a tha diofar thaobhan de dh'aireamhachd agus matamataig eadar-cheangailte. Tha tuigse air bloighean, bloighean deichead agus ceudadan ceangailte gu dìreach ris na slatan-tomhais a leanas.

### Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail

- Leudachadh eòlas air luach a rèir àite agus pròiseasan àireamhail gu bloighean deichead. Faic stòras ionnsachaidh proifeiseanta Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail airson tuilleadh fiosrachaidh mu luach a rèir àite, cur-ris, toirt air falbh, iomadachadh agus roinneadh le bloighean deichead.

### Iomadan, Factaran agus Priomhan

- Comharrachadh iomadan cumanta, a' gabhail a-steach an iomaid chumanta as ìsle airson àireamhan iomlan agus is urrainn dhaibh an dòigh a chaidh a chleachdadhean a mhìneachadh.
- Comharrachadh fhactaran cumanta, a' gabhail a-steach an fhactair chumanta as àirde airson àireamhan iomlan agus is urrainn dhaibh an dòigh a chaidh a chleachdadhean a mhìneachadh.

### Airgead

- Nochdadhean tuigse air an luach as fheàrr a thaobh chùmhnan agus seirbheisean nuair a thathar a' dèanamh coimeas eadar bathar.
- Taghadh an luaich as fheàrr airson an t-suidheachaidh phearsanta aca agus a' dearbhadh roghainnean.
- Tionndadh bho aon seòrsa airgid gu seòrsa eile.

### An Uair

- Cur an gnìomh eòlas air a' cheangal eadar luaths, astar agus ùine gus gach aon de na trì caochladairean a lorg.

### Ceistean Meòrachail:

- Ciamar a bheir sinn cothrom do luchd-ionnsachaidh ro-innleachdan èifeachdach a lorg airson bloighean agus ceudadan de dh'uireadan a lorg?**
- Ciamar as urrainn dhuinn dòighean dealbhach a chleachdadhean airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus tuigse dhomhainn fhaighinn mu bhith a' cur ri agus a' toirt air falbh bloighean?**
- Ciamar a nì sinn soilleir na rudan a tha coltach agus eadar-dhealaichte eadar bloighean agus co-mheasan?**

# Ceathramh ìre

Tha an clàr gu h-iosal a' toirt a-steach na h-eòlasan, builean agus slatan-tomhais co-cheangailte ri 'Braighean, Braighean Deicheach agus Ceudadan' aig a' cheathramh ìre. Bu chòir na h-eòlasan agus na builean a chleachdadh ann a bhith a' dealbhadh ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil na slatan-tomhais air an dealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh proifeasant a luchd-teagaisg ann an adhartas a dh'ionnsaigh ìre agus ann an coileanadh ìre. Tha raon de dhiofar eòlasan ann ris am feum luchd-ionnsachaidh a bhith fosgailte mus gabh iad sin a choileanadh.

Eagraicheadar Curraicealaim	Slatan-tomhais
<p>Is urrainn dhomh an seòrsa bhloighean, braighean deicheach agus ceudadan as ionchaidh a thaghadh airson a chleachdadh nuair a bhios mi ag obrachadh a-mach nam inntinn, ann an sgrìobhadh no a' cleachdadhean teicneòlas, agus an uair sin m' fhuasglaidhean a chleachdadh gus coimeasan, co-dhùnaidhean agus roghainnean a dhèanamh.</p> <p><b>MNU 4-07a</b></p> <p><i>Is urrainn dhomh ceistean fhuasgladh le braighean agus àireamhan measgaichte ann an co-theacsa, a' cleachdadhean cur-ris, toirt air falbh no iomadachadh.</i></p> <p><b>MTH 4-07b</b></p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Taghadh an t-seòrsa bhloighean, braighean deicheach no ceudadan nuair a bhithear ag obrachadh a-mach.</li><li>• Cleachdadhean obrachadh a-mach gus taic a thoirt do choimeasan, co-dhùnaidhean agus roghainnean.</li><li>• Cur an sàs sgilean cur-ris, toirt air falbh agus iomadachaidh gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan le braighean agus àireamhan measgaichte.</li><li>• Cleachdadhean eòlas air co-chuid gus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan ann am beatha làitheil a tha a' toirt a-steach atharrachaidhean ann an uireadan co-cheangailte.</li></ul>
<p>A' cleachdadhean co-chuid, is urrainn dhomh obrachadh a-mach an atharrachadh ann an aon uiread air adhbharachadh le atharrachadh ann an uiread co-cheangailte agus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan làitheil.</p> <p><b>MNU 4-08a</b></p>	

## Modhan ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach

Nuair a bhios luchd-ionnsachaidh deiseil airson gluasad air adhart chun cheathramh ìre, bu chòir dhaibh a bhith air grunn ro-innleachdan a leasachadh airson a bhith ag obair le braighean, braighean deicheach agus ceudadan.

## Iomadachadh agus Roinneadh Bhloighean

Tha e cudromach gum bi tuigse bhun-bheachdail na bhunait airson teagasg obrachadh a-mach pròiseasail. Faodaidh cleachdadhean fhìrinnean agus dhàimhean aithnichte gus lèirsinn ùra a thoirt a-mach a bhith na inneal cumhachdach cuideachd nuair a bheirear a-steach bun-bheachdan ùra. Anns an eisimpleir air an ath-dhuiilleag, thathas a' cleachdadhean fhìrinnean iomadachaidh is roinnidh aithnichte gus obrachadh a-mach co-cheangailte a bhuineas ri braighean a rannsachadh.

$12 \times 4 = 48$

$12 \times 2 = 24$

$12 \times 1 = 12$

$12 \times \frac{1}{2} = ?$

$12 \times \frac{1}{4} = ?$

$6 \times \frac{1}{4} = ?$

$3 \times \frac{1}{4} = ?$

$\frac{3}{2} \times \frac{1}{4} = ?$

Am faic thu pàtrain sam  
bith anns na ceistean?

Feuch ri tuairisgeul a thoirt  
air pàtrain sam bith a chì thu  
anns na freagairtean.

Am mìnich thu dè tha e a'  
ciallachadh a bhith ag  
iomadachadh le aon chairteal?

Am mìnich thu dè tha tachairt  
nuair a roinneas sinn le leth?

An tarraing thu dè tha tachairt  
nuair a roinneas sinn le leth?

$12 \div 4 = 3$

$12 \div 2 = 6$

$12 \div 1 = 12$

$12 \div \frac{1}{2} = ?$

$12 \div \frac{1}{4} = ?$

$6 \div \frac{1}{4} = ?$



$3 \div \frac{1}{4} = ?$

$\frac{3}{2} \div \frac{1}{4} = ?$



Faodar dòighean dealbhach, gu sònraichte sreathan òrdaichte, a chleachdadh gus iomadachadh agus roinneadh bhloighean a nochdad. Le iomadachadh, tha a' bhun-bheachd "bloigh de bhloigh" cudromach agus faodar am bun-bheachd co-iomlaideachd a dhaingneachadh.

Mar eisimpleir, gus sealltainn  $\frac{1}{3} \times \frac{1}{4} = \frac{1}{12}$



Sgolt aon chairteal ann an tritheadan:





No, sgolt aon trithead ann an cairtealan.



Tha dòighean eile ann airson an t-obrachadh a-mach seo a riochdachadh, mar eisimpleir, a' sgoltadh aon chairteal gu tritheadan.




Neo, a' sgoltadh aon trithead ann an cairtealan.




Le roinneadh, tha am bun-bheachd, “cia mheud bloigh a tha ann am bloigh?” cudromach.

Mar eisimpleir, gus sealltainn  $\frac{1}{2} \div \frac{1}{5} = 2\frac{1}{2}$ , beachdaich air “cia mheud còigeamh a th’ ann an aon leth?”



Faodar an dòigh dhealbhach seo atharrachadh beagan gus togail air an eòlas a th’ aca mar-thà mu bhloighean co-ionann, ag aithris na ceiste mar “cia mheud buidheann de dhà dheicheadh a tha ann an 5 deicheadh?”



Faodar pròiseasan eas-chruthach a chur an àite nan dòighean dealbhach seo nuair a dh’fhàsas luchd-ionnsachaidh misneachail nan tuigse.

## Co-chuid

Faodaidh modailean bàir a bhith cuideachail do luchd-ionnsachaidh nuair a thèid an toirt a-steach do bhun-bheachdan co-chuid dìreach agus neo-dhìreach. Faodaidh luaths, astar agus ùine co-theacsa eòlach a thoirt seachad airson a leithid de dh’obrachadh a-mach.

Tha càr a’ toirt 3 uairean a thìde gus siubhal 144 cilemeatair.

Aig an aon astar chuibheasach, dè cho fada ’s a dheigheadh e ann an 5 uairean a thìde?

144 km
48 km      48 km      48 km
48 km      48 km      48 km      48 km      48 km

Dheigheadh e 240 km.

Bheir trèana 4 uairean a thìde airson turas a chriochnachadh aig astar cuibheasach de 63 mile san uair.

Ma chuireas trèana eile crìoch air an aon turas ann an 3 uairean a thìde, dè an t-astar cuibheasach a th' aige?

63 mile      63 mile      63 mile      63 mile

252 mile

84 mile      84 mile      84 mile

Is e an t-astar cuibheasach 84 mile san uair.

## Ceanglaichean gu Eagraicheadan Curraicealaim Eile

Tha àite nàdarra agus soilleir aig cleachdad bho bhith a' fuasgladh ann am pàirtean eile den churraicealam àireamhachd agus matamataig. Tha ionnsachadh ga dhoimhneachadh nuair a gheibhearr cothrom cunbalach air an eòlas seo, agus, nuair a thèid a chomharrachadh gu soilleir, faodaidh e leigeil le luchd-ionnsachaidh faicinn mar a tha diofar thaobhan de dh' àireamhachd agus matamataig eadar-cheangailte.

Aig a' cheathramh ìre, tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn buannachd bho bhith a' fuasgladh grunn dhuilgheadasan ioma-cheum a dh'fheumas tuigse air bloighean, bloighean deichead agus ceudadan a tha a' toirt a-steach a bhith a' dèanamh choimeasan agus co-dhùnaidhean, agus a' conaltradh reusanachadh. Bidh airgead, tomhas, cumadh agus ùine a' toirt seachad co-theacsan nàdarrach airson duilgheadasan den leithid agus a' daingneachadh an fheum air freagairtean a chruinneachadh gu ìre iomchaidh de mhionaideachd. Tha triantanachd agus cumaidhean coltach ris a' toirt seachad co-theacsan soilleir airson co-mheas.

### Ceistean Meòrachail:

Ciamar a nì sinn cinnteach gum bi an luchd-ionnsachaidh againn a' doimhneachadh an tuigse air bloighean fhad 's a tha iad a' fàs sgileil ann an obrachadh a-mach?

Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' cur an sgilean an sàs thar grunn chuspairean ann a bhith a' fuasgladh dhuilgheadasan ioma-cheum?

Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gum bi ar luchd-ionnsachaidh a' leasachadh misneachd agus pongalachd ann an obrachadh a-mach nan ceann agus ann an sgrìobhadh?

**Foghlam Alba**  
Taigh Denholm  
Pàirce Gniomhachais Almondvale  
Slighe Almondvale  
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44(0)131 244 4330  
[P-d\\_enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk](mailto:P-d_enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk)

[www.education.gov.scot](http://www.education.gov.scot)